

NOVEMBER  
AN - T - SAMHAIN

ADH DO NA GAIDHEIL

## EAGLAISEAN IARAINN



Air feadh na h-Alba thog a' bhuidheann aig Iain Speirs taighean iarainn de gach seòrsa aig deireadh na naothamh linn deug agus toiseach na ficheadamh linn. Bha ospadail bheaga agus sgoiltean air an togail le iarainn. Eadar 1908 agus 1914 chaidh trì fichead agus còig deug de na h-eaglaisean seo a thogail agus an Eaglais Shaor Aonaichte a' cur feum air àiteachan-adhraidh far an robh an fheadhainn nach deachaidh leis an Aonadh air sealbh fhaighinn air an eaglais agus air a' mhansa. Ann am Paibil ann an Uibhist a Tuath bha eaglais iarainn den t-seòrsa seo, air an robh "An Eaglais Dhearg", ged a bha dath glas air na ballachan fad iomadach bliadhna.

Tha mòran de na h-eaglaisean agus na sgoiltean a thog Speirs an-diugh 'nan taighean-còmhnaidh, mar a tha an Eaglais Dhearg ann an Uibhist. Ach far a bheil am Fear-deasachaidh 'na mhinistear tha eaglais iarainn a tha air a cleachdadh fhathast mar thaigh-adhraidh. Chaidh an eaglais bheag ann am Mionaid a chur an àird ann an 1910, agus anns an t-Sultain chumadh seirbheis shònraichte mar chomharradh air gu bheil dìreach ceud bliadhna bho chaidh a fosgladh.

Air fear de na ministearan a bha a' searmonachadh anns an eaglais seo roimh àm a' Cheud Chogaidh bha an t-Urr. Dòmhnall Pàdraig Dòmhnallach. Rugadh e ann an Lunnainn, ach bha ceangal aige ri Leòdhas. Choisinn e cliù mar mhinistear agus mar bhall-Pàrlamaid ann an Astràilia. Thadhail ogha dha air an sgrì bho chionn dà bhliadhna agus dh'innis i nach do chaill e an gràdh a bha aige do dh'Alba.

*(Tha an dealbh a chithear gu h-àrd am measg nan dealbh-làimhe anns an leabhar luachmhor sin, Churches to Visit in Scotland, a tha cho làn fiosrachaidh mu eaglaisean air feadh na dùthcha.)*